



Am ball-sneachda mòr



Am ball-sneachda mòr



An teacsa Wes Magee
Dealbhan Val Biro
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Bha dà dhràgon bheag ann, Nesta agus Ned.
Aon là sgèith iad a choimhead
air Granaidh Dràgon.



Bha sneachd air a' Chaisteal Sheunta.
Bha sneachd anns a' Choille Chiar.
Bha sneachd air a' bheinn.



Choimhead Nesta agus Ned sìos.
Chunnaic iad Granaidh anns an uaimh.
Chunnaic iad an Dràgon Mòr Dona.
“Carson a tha an Dràgon Mòr Dona
shìos an siud?” thuirt Nesta.



Rinn an Dràgon Mòr Dona ball-sneachda mòr.
Chuir e am ball-sneachda dhan uaimh.
“Ha! Ha! Ha!” thuirt an Dràgon Mòr Dona.
“Chan fhaigh Granaidh a-mach às an siud!”



“Dè nì sinn?” thuirt Nesta.

“Trobadh, Ned.

Feumaidh sinn Granaidh a chuideachadh.”

Sgèith Nesta agus Ned sìos chun na h-uaimh.



“Cuidich mi! Cuidich mi!” dh’èigh Granaidh.
Dh’èigh Nesta agus Ned air ais,
“Cuidichidh sinne sibh. Tha sinn an seo.”



Shèid Nesta teine air a' bhall-sneachda.
Shèid i agus shèid i.



Shèid Ned teine air a' bhall-sneachda.
Shèid e agus shèid e.



“O tapadh leibh,” thuirt Granaidh.

“Nach sibh a rinn math.”

Bha Nesta agus Ned crosta ged-tà.

“Nì sinne ball-sneachda dhan Dràgon ud,”
thuirt Nesta.



Rinn Nesta agus Ned bàlla mòr sneachda.
Chaidh e car mu char anns an t-sneachd
agus roilig e sìos, sìos an cnoc.
“Cuidich mi!” dh’èigh an Dràgon Mòr Dona.



Thuit an Dràgon Mòr Dona agus chaidh
am bàlla mòr sneachda air a mhuin.



Roilig an Dràgon Mòr Dona
agus am ball-sneachda sìos an cnoc.



“Ha! Ha! Ha!” Rinn Nesta agus Ned gàire.
“Nach e am ball-sneachda a tha mòr a-nis.”
Agus sgèith iad air falbh
a chluich san t-sneachd.